



Sùil Sgiobalta			
Diciadain 27 Sultain		Diardaoin 28 Sultain	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Ceumannan	Litreachas: L-I	Ceumannan	Litreachas: L-I
Goireasan litreachais: Fileantaich	Deasbad Nàiseanta	Goireasan litreachais: Fileantaich	SQA
Foghlam Alba - Comharran-adhartais*	Foghlam Alba - Sàr -mhaitheas*	ASN*	Foghlam Alba - Comharran-adhartais*
Comic Life*		Foghlam Alba : e-Sgoil *	Comic Life*
			ASN*

\*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagaisg bun-sgoile

## 1. SQA – Sgrìobhadh aig Àrd Ìre do luchd-ionnsachaidh

### Marilyn Waters & Calum MacAoidh

San t-Sultain 2016, dh'inns an Leas-phrìomh Mhinistear agus an Rùnaire Caibineit airson Foghlam agus Sgilean gun deigheadh aonadan agus measaidhean aonaid a thoirt, beag air bheag, às a' chùrsa Nàiseanta 5 gu Àrd Ìre Adhartach.

Thuit e cuideachd gun deigheadh deuchainn dheireannach neartaichte agus obair-cùrsa an àite nan aonadan agus nam measaidhean aonaid, mar a tha iomchaidh do gach cuspair.

'S e amas an t-seisein gum faigh tidsearan, òraidichean agus luchd-measaidh:

- tar-shealladh air a' mheasadh cùrsa ùraichte airson Gàidhlig Nàiseanta 5 bho bhliadhna-sgoile 2017/18
- fiosrachadh air dè tha air atharrachadh agus dè nach eil
- fiosrachadh mionaideach air a phàipear-cheistean agus air pàirtean a' chùrsa
- cothrom ceistean a chur

## 2. Obair le Sgaradh ann an Ceumannan agus Apps cànan

### Emma Burrows & Fionnlagh Coinneagan

Bidh a' bhùth-obrach na dà leth.

**Pàirt 1:** Sùil air eisimpleirean de dh'obair le sgaradh ann an Ceumannan.

**Pàirt 2:** Sùil air apps fheumail ann an teagasg agus ionnsachadh cànan (Memrise, Apple Clips, Ankiapp agus app ùr Cheumannan).

### 3. A' Beachdachadh air Goireasan Litreachais: Fileantaich

#### Catriona Currie

Bidh a' bhùth-obrach seo a' coimhead air na goireasan litreachais a thathar a' cleachdadh san Àrd Sgoil. Bithear a' beachdachadh air taghadh de ghoireasan a tha freagarrach air ceann shìos na sgoile gu ruige ceann shuas na sgoile.

Bithear a' toirt sùil air taghadh de ghoireasan.

Thathar a' sùileachadh gum bi cothrom còmhraidh aig com-pàirtichean mu ghoireasan a thathar a' cleachdadh nar sgoiltean a bharrachd air na diofar dhòighean a thathar gan cleachdadh.

### 4. Deasbad Nàiseanta

#### Aonghas Dòmhnallach & Fionnlagh Coinneagan

Bùth-obrach a bheir stiùireadh do thidsearan air mar a nì iad ullachadh còmhla ri sgoilearan air thoiseach air an Deasbad Nàiseanta. Bidh stiùireadh ann bho thaobh tidseir agus bho thaobh brithheimh.

### 5. Litreachas do luchd-ionnsachaidh aig Àrd Ìre

#### Mairead NicIomhair

A' coimhead ri agus a' beachdachadh air litreachas a bhiodh aig Àrd Ìre freagarrach do luchd-ionnsachaidh aig an Àrd Ìre.

' coimhead ri puingeann mar cànan, dòigh libhrigidh agus cuspairean sònraichte. Bidh beachdan luchd-teagaisg fhèin cudromach airson cur ris a' bhùth-obrach seo.

# Co-bhùthan-obrach – Bun-sgoil & Àrd-sgoil

## 1. A' toirt taic do dh'oileanaich ASN sa chlas

An Dr Fiona Lyon & Catriona Chaimbeul

Bha a' bhùth-obrach phractaigeach seo a' coimhead air an Leabhar-taic ASN air-loidhne a bharrachd air a bhith a' cruthachadh liostaichean fhaclan le prògram bathar-bog.

Chaidh coimhead air goireasan taic litearrachd agus fhuair luchd-frithealaidh cunntas air a' phròiseact measadh leughaidh.

Chaidh coimhead air gnothaichean practaigeach a thaobh a bhith a' toirt taic do sgoilearan air a bheil dyslexia – agus le sin do sgoilearan gu lèir!

## 2. Comic Life

Chris Mitchell

'S e Comic Life 3 an app leis a h-uile dad a tha a dhìth ort gus comaig sònraichte a dhèanamh bho na dealbhan agad fhèin. Loma làn de sheòrsaichean clò, teamplaidean, pannalan, bailiùnaichean, caipseanan, agus ealain-litrichean, tha Comic Life na app spòrsail, cumhachdach a tha furasta a chleachdadh.

Anns a' bhùth-obrach seo, seallaidh Chris dhut mar a chleachdas tu an app agus meadhanan eile gus goireasan a chruthachadh dha sgoilearan.

## 3. Comharran-adhartais airson Litearrachd agus Gàidhlig

(B-s & À-s 1-3)

Foghlam Alba

Anns an t-seisean seo, gheibh luchd-teagaisg cothrom eòlas nas fheàrr a chur air na comharran-adhartais airson Litearrachd agus Gàidhlig, gu sònraichte airson èisteachd agus labhairt.

'S e amas an t-seisein tuigse nas doimhne a thoirt do luchd-teagaisg air na h-ìrean nàiseanta a tha na Comharran-adhartais a' toirt, tarsainn air foghlam farsaing coitcheann.

Am measg nam prìomh chuspairean a thèid a thaisbeanadh agus a dheasbad tha:

- A' cleachdadh nan Comharran-adhartais gus cuideachadh le breithneachadh proifeiseanta air coileanadh ìre;
- Adhartas ann an èisteachd agus labhairt tarsainn air ìrean a tha air an cur a-mach anns na Comharran-adhartais;
- An fhianais eadar-dhealaichte a tha ga cleachdadh gus breithneachadh proifeiseanta a dhèanamh;
- Co-mheasadh èifeachdach air ionnsachadh, teagasg agus measadh dealbhaichte.

Bidh aire shònraichte air èisteachd agus labhairt san t-seisean seo. Tha e air iarraidh air luchd-teagaisg fianais measaidh airson èisteachd agus labhairt tarsainn nan ìrean a thoirt leotha chun an Alltain.

Thèid seo a chleachdadh gus co-thuigse air slatan-tomhais fhaighinn.

Bu chòir do luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gu bheil na ceadan iomchaidh aca gus eisimpleirean de obair sgoilearan a shealltainn.

Bidh e feumail do luchd-teagaisg ma bheir iad sùil air ceistean stiùiridh a tha ann a-nis gus taic a thoirt le co-mheasadh air litearrachd agus Beurla agus air àireamhachd agus Beurla.

## 4. e-Sgoil: Fuasgladh didseatach airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig Foghlam Alba & e-Sgoil

Tha e-Sgoil a' tairgsinn ionnsachadh didseatach mar fhuasgladh do churraicealam FMG. San t-seisean seo gheibh luchd-teagaisg sealladh air cò ris a tha e coltach a bhith nad thidsear, nad chomasaiche agus nad neach-ionnsachaidh ann an e-Sgoil. Bidh an seisean seo a' toirt taic do luchd-teagaisg ann am foghlam farsaing coitcheann 3-15 gus:

- eòlas a chur air an teicneòlas dhidseatach a tha e-Sgoil a' cleachdadh
- fòcas a chur air feallsanachd teagaisg èifeachdach gus taic a thoirt do ionnsachadh le teicneòlas
- curraicealam na bun-sgoile a dhealbhadh gus taic a thoirt le bhith a' gluasad gu ionnsachadh a tha air a libhrigeadh gu ìre tro theicneòlasan didseatach
- curraicealam àrd-sgoile a dhealbhadh le steach-chur bho e-Sgoil

## 5. Sàr-mhaitheas ann am foghlam Foghlam Alba

Cuidichidh an seisean seo luchd-teagaisg ann a bhith a' cleachdadh fèin-mheasadh gus sàr-mhaitheas agus co-ionannachd ann am Foghlam Gàidhlig 3-18 fhaighinn. Bidh aire shònraichte air na cuspairean a chomharraich aithisg an luchd-sgrùdaidh, Càileachd agus Leasachadh ann am Foghlam na h-Alba, 2012-2016. Am measg nan cuspairean a thèid a thaisbeanadh agus a dheasbad bidh:

- ceannas èifeachdach ann an sgoiltean agus sgoiltean-àraich Gàidhlig 3-18;
- a' cleachdadh curraicealam le deagh shructair agus deagh dhealbhadh gus coileanadh àrdachadh;
- bogadh, eadar-obair agus feallsanachd teagaisg deagh-ghnè tro chluich;
- a' cleachdadh measadh gus cur ri adhartas agus coileanadh;
- a' cruthachadh sgoiltean agus sgoiltean-àraich aig a bheil co-thuigse agus seasamh in-ghabhalach a thaobh na Gàidhlig